**COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR**

**COMATAIDH NA GÀIDHLIG: PROJECTS FUNDED IN 2023/24 BY SGIOBA NA GÀIDHLIG'S SMALL GAELIC PROJECTS FUND**

**30 APRIL 2024**

Report By  Chief Executive

**PURPOSE**

1.1 This Report provides information concerning the successful applications made for financial assistance to Sgioba na Gàidhlig's (SnG) Small Gaelic Projects Fund in 2023/24.

**EXECUTIVE SUMMARY**

2.1 This Report details the 18 projects that received funding from SnG's Small Gaelic Projects fund in 2023/24, amounting to a total of £29,013.88. This includes five payments to organisations in terms of SnG's contribution to the Gaelic Student Placement Scheme 2023. All payments are detailed in 6.1.

2.2 Projects must fulfil at least one of the three following objectives to receive funding:

- strengthen Gaelic as a language in the family in the Western Isles;
- strengthen Gaelic as a community language in the Western Isles, and;
- increase the number of Gaelic speakers in the Western Isles.

**3.1 RECOMMENDATIONS**

**It is recommended that the Comhairle note the Report.**

**COMATAIDH NA GÀIDHLIG: PRÒISEACTAN A FHUAIR TAIC-AIRGID ANN AN 2023/24 BHO MHAOIN PHRÒISEACTAN BEAGA GÀIDHLIG SGIOBA NA GÀIDHLIG**

**x GIBLEAN 2024**

Aithisg leis an Àrd-oifigear

**ADHBHAR**

1.1 Tha an Aithisg seo a' toirt seachad fiosrachadh mu na h-iarrtasan soirbheachail gu Maoin Phròiseactan Beaga Gàidhlig Sgioba na Gàidhlig (SnG), ann an 2023/24.

**GEÀRR-CHUNNTAS**

2.1 Tha an Aithisg seo a' toirt seachad fiosrachadh ann an doimhneachd mu na 18 pròiseactan a fhuair taic-airgid de £29,013.88 gu lèir ann an 2023/24 fo Mhaoin Phròiseactan Beaga Gàidhlig SnG. Tha seo a' gabhail a-steach còig pàighidhean de thaic-airgid SnG do bhuidhnean a thaobh Sgeama Greis Gnìomhachais Gàidhlig nan Oileanach 2023. Tha na pàighidhean gu lèir air am mìneachadh ann an 6.1.

2.2 Gus taic-airgid fhaighinn, feumaidh pròiseactan, co-dhiù, aon de na trì amasan a leanas a choileanadh:

- Gàidhlig a neartachadh mar chànan teaghlaich sna h-Eileanan Siar;
- Gàidhlig a neartachadh mar chànan ann an coimhearsnachdan nan Eilean Siar, agus;
- an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig a mheudachadh sna h-Eileanan.

**3.1 MOLAIDHEAN**

**Thathar a' moladh gun toireadh a' Chomhairle fa-near na tha am broinn na h-Aithisge seo.**

| Contact Officer: | Donald Weir, Gaelic Support Officer, Sgioba na Gàidhlig | Cuir fios gu: | Dòmhnall Weir, Oifigear Taic Gàidhlig, Sgioba na Gàidhlig |
|---|---|---|---|
| Appendix: | | Fa-sgrìobhadh: | |
| Background Papers: | | Pàipearan Fiosrachaidh | |

**IMPLICATIONS**

The following implications are applicable in terms of the Report.

4.1

| Resource Implications | Implications/None |
|---|---|
| Financial | % to be met from Comhairle budgets |
| Legal | None |
| Staffing | None |
| Assets and Property | None |
| | |
| **Strategic Implications** | **Implications/None** |
| Risk | None |
| Equalities | None |
| Corporate Strategy | Corporate Strategy Priority 1.5: Gaelic Language & Culture |
| Environmental Impact | None |
| Consultation | None |

**BUAIDH**

Tha na leanas mar bhuaidhean a thaobh na h-Aithisge.

4.1

| Buaidhean Stòras | Buaidh/Neo-ni |
|---|---|
| | |
| Ionmhas | % ris an tèid coinneachadh bho bhuidseatan na Comhairle |
| Laghail | Neo-ni |
| Sgiobachd | Neo-ni |
| So-mhaoin is Tog | Neo-ni |
| | |
| **Buaidhean Ro-innleachdail** | **Buaidh/Neo-ni** |
| Cunnart | Neo-ni |
| Co-ionnanachd | Neo-ni |
| Ro-innleachd Chorporra | Ro-innleachd Chorporra Prìomhachas 1.5: Gàidhlig agus Cultar |
| Buaidh air an Àrainneachd | Neo-ni |
| Co-chomhairleachadh | Neo-ni |

**BACKGROUND INFORMATION**

5.1 SnG's Small Gaelic Projects fund was established in 2009 to provide financial support for small Gaelic community projects.

5.2 Every project application for this fund is judged on its own merits, and funding is only paid out if it is felt that the project seeking funding clearly achieves at least one of the three objectives as detailed in 2.2.

5.3 Most applications are in the £500 to £3,000 range, and applications for larger sums than

**FIOSRACHADH**

5.1 Chaidh Maoin Phròiseactan Beaga Gàidhlig SnG a chur air bhon ann an 2009 gus taic-airgid a thoirt do phròiseactan beaga Gàidhlig ann an coimhearsnachdan.

5.2 Thathar a' beachdachadh air gach iarrtas fa leth, gun coimeas a dhèanamh ri iarrtasan eile, agus thathar a' toirt seachad taic-airgid ma thathar cinnteach gum bi am pròiseact a' coileanadh aon co-dhiù de na trì amasan mar a chaidh a mhìneachadh ann an 2.2.

5.3 Tha a' mhòr-chuid de dh'iarrtasan airson taic eadar £500 agus £3,000, agus thathar a'

that are referred to Comataidh na Gàidhlig for approval.

**SMALL GAELIC PROJECTS GRANTS IN 2023/24**

6.1

1. **Comunn na Gàidhlig – Cuach na Cloinne 2023:**
   Funding of £4,000 towards the costs of the annual primary school football competition, *Cuach na Cloinne*, held in Gaelic. This sum was approved at Comataidh na Gàidhlig on 19 April 2023.
2. **Comunn na Gàidhlig – Cuach na Cloinne Àrd-sgoiltean:**
   Funding of £1,980 for running the first *Cuach na Cloinne* football competition for secondary pupils.
3. **Comunn Gàidhealach Leòdhais – Mòd Ionadail Leòdhais 2023:**
   Funding of £2,000 for the organisation of the Local Lewis Mòd competitions.
4. **WIIGA – Gaelic Branding:**
   Gaelic branding for the Western Isles team taking part in the Island Games 2023. £1,500 paid for Gaelic text on banners, wristbands, drawstring bags, and badges on the team kit.
5. **An Lanntair – Gaelic Classes:**
   £1,700 funding for a programme of Gaelic classes for An Lanntair staff.
6. **Grimsay Community Association – Dualchas-Erfskip:**
   Funding for Gaelic interpretation for an international exhibition of historical materials and artefacts associated with fishing. £500 paid for a professional Gaelic translator.
7. **Social Enterprise Academy – Young Gaelic Leaders Residential Programme:**
   Funding of £3,000 for a six-day 'Developing Your Leadership' programme, as part of a 'Young Gaelic Leaders' event, which is targeted at those aged 18-40. This will take place over two residentials

beachdachadh air iarrtasan airson taic-airgid nas motha na sin aig Comataidh na Gàidhlig.

**TABHARTASAN PHRÒISEACTAN BEAGA GÀIDHLIG 2023/24**

6.1

1. **Comunn na Gàidhlig – Cuach na Cloinne 2023:**
   Taic-airgid de £4,000 airson farpais ball-coise bhliadhnail Gàidhlig *Cuach na Cloinne* airson bun-sgoiltean. Chaidh an t-sùim seo aontachadh aig Comataidh na Gàidhlig air 19 Giblean 2023.
2. **Comunn na Gàidhlig – Cuach na Cloinne Àrd-sgoiltean:**
   Taic-airgid de £1,980 airson cosgaisean a' chiad fharpais *Cuach na Cloinne* airson sgoilearan àrd-sgoil.
3. **Comunn Gàidhealach Leòdhais – Mòd Ionadail Leòdhais 2023:**
   Taic-airgid de £2,000 gus farpaisean Mòd Ionadail Leòdhais a chur air dòigh.
4. **Branndachadh Gàidhlig WIIGA:**
   Branndachadh Gàidhlig dha sgioba nan Eilean Siar a ghabh pàirt ann an Geamannan nan Eilean 2023. Chaidh £1,500 a chosg air teacsa Gàidhlig airson brataichean, bunan-dùirn, bagaichean agus suaicheantasan air trusganan-spòrs an sgioba.
5. **Clasaichean Gàidhlig An Lanntair:**
   Taic-airgid de £1,700 airson prògram de chlasaichean Gàidhlig dha luchd-obrach an Lanntair.
6. **Grimsay Community Association – Dualchas-Erfskip:**
   Taic-airgid airson mìneachadh Gàidhlig airson taisbeanadh eadar-nàiseanta de stuthan eachdraidheil mu iasgach. Chaidh £500 a chosg air seirbheisean eadar-theangair proifiseanta.
7. **Social Enterprise Academy – Prògram Còmhnaidheach Cheannardan Òga Gàidhlig:**
   Taic-airgid de £3,000 airson a' phrògraim sia-latha 'Leasachadh Ur Ceannardais', mar phàirt de thachartas 'Cheannardan Òga Gàidhlig', a tha ag amas air daoine 18-40. Thèid seo a lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig

in the Isles and will be delivered entirely in Gaelic.

8. **Dìleab 2024 – Leverhulme:**
Funding of £3,000 for Dìleab 2024, an inter-generational Gaelic project involving schools which examines the legacy left by Lord Leverhulme in the Isles.
9. **Astar Media – Gaelic Student Placement:**
SnG's contribution of £1,276.30 towards the costs of employing a student at Astar Media in terms of the Gaelic Student Placement Scheme.
10. **Taigh Dhonnchaidh – Gaelic Student Placement:**
SnG's contribution of £1,635 towards the costs of employing a student at Taigh Dhonnchaidh in terms of the Gaelic Student Placement Scheme.
11. **Urras Oighreachd Ghabhsainn – Student Placement:**
SnG's contribution of £1,700 towards the costs of employing a student at Urras Oighreachd Ghabhsainn in terms of the Gaelic Student Placement Scheme.
12. **Grimsay Community Association – Ar Muir is Ar Tìr:**
Funding of £1,800 for a Gaelic active learning islands heritage experience, at Ceann na h-Àirigh and Boat Museum, for 42 P7 pupils from across Uist. A group of Senior Phase pupils from Sgoil Lionacleit facilitated the event, which developed their leadership skills.
13. **Comunn Eachdraidh Cheann a Loch – Gaelic Student Placement:**
SnG's contribution of £1,677.43 towards the costs of employing a student at Comunn Eachdraidh Cheann a Loch in terms of the Gaelic Student Placement Scheme.
14. **Ceòlas – Gaelic Student Placement:**
SnG's contribution of £1,455.15 towards the costs of employing a student at Comunn Eachdraidh Cheann a Loch in terms of the Gaelic Student Placement Scheme.

gu tur mar dhà chùrsa còmhnaidheach sna h-Eileanan.

8. **Dìleab 2024 – Leverhulme:**
Taic-airgid de £3,000 airson Dìleab 2024, pròiseact eadar-ginealach Gàidhlig anns a bheil sgoiltean an sàs a tha a' sgrùdadh dìleab Morair Leverhulme sna h-Eileanan.
9. **Astar Media – Greis Gnìomhachais Oileanaich:**
Pàigheadh SnG de £1,276.30 airson cosgaisean fastadh oileanaich aig Astar Media a thaobh Sgeama Greis Gnìomhachais nan Oileanach.
10. **Taigh Dhonnchaidh – Greis Gnìomhachais Oileanaich:**
Pàigheadh SnG de £1,635 airson cosgaisean fastadh oileanaich aig Taigh Dhonnchaidh a thaobh Sgeama Greis Gnìomhachais nan Oileanach.
11. **Urras Oighreachd Ghabhsainn – Greis Gnìomhachais Oileanaich:**
Pàigheadh SnG de £1,700 airson cosgaisean fastadh oileanaich aig Urras Oighreachd Ghabhsainn a thaobh Sgeama Greis Gnìomhachais nan Oileanach.
12. **Grimsay Community Association – Ar Muir is Ar Tìr:**
Taic-airgid de £1,800 airson tachartas ionnsachaidh ghnìomhaich Ghàidhlig mu dhualchas nan eilean aig Ceann na h-Àirigh agus Taigh-tasgaidh Bhàtaichean, airson 42 sgoilearan air feadh Uibhist. Chuir sgoilearan Sgoil Lìonacleit aig an Ìre as Àirde taic ri lìbhrigeadh an tachartais, a leasaich na sgilean ceannardias aca.
13. **Comunn Eachdraidh Cheann a Loch – Greis Gnìomhachais Oileanaich:**
Pàigheadh SnG de £1,677.43 airson cosgaisean fastadh oileanaich aig Comunn Eachdraidh Cheann a Loch a thaobh Sgeama Greis Gnìomhachais nan Oileanach.
14. **Ceòlas – Greis Gnìomhachais Oileanaich:**
Pàigheadh SnG de £1,455.15 airson cosgaisean fastadh oileanaich aig Comunn Eachdraidh Cheann a Loch a thaobh Sgeama Greis Gnìomhachais nan Oileanach.

15. **UHI North, West and Hebrides – Òraid na Gàidhlig mu Bhuaidh a' Mhetagama:**
    Funding of £190 towards the costs of organising the annual public lecture in Gaelic at UHI North, West and Hebrides, to be delivered by Duncan Norman MacLeod, about the sailing of the Metagama and its effect on the Isles.
16. **Northton Heritage Trust – Community Gaelic Classes:**
    Funding of £650 for Gaelic classes for South Harris, where there were no formal classes on offer. These classes were organised in partnership with UHI North, West and Hebrides, who provided the tutor for ten students.
17. **The Nicolson Institute – F.C. Sonas Gaelic Football Training:**
    Funding of £750 for the delivery of Gaelic medium football training sessions for S1-S3 Nicolson pupils at F.C. Sonas in Inverness, as part of Seachdain na Gàidhlig.
18. **Sgoil an Taobh Siar – FilmG Competition:**
    Funding of £200 towards the costs associated with travel for school pupils from Sgoil an Taobh Siar who made a shortlisted Gaelic film at the FilmG awards in Glasgow. Without this funding, they would not have been able to attend.

15. **UHI A Tuath, An Iar is Innse Gall – Òraid na Gàidhlig mu Bhuaidh a' Mhetagama:**
    Taic-airgid de £190 airson cosgaisean le bhith a' cur air dòigh òraid bhliadhnail phoblach sa Gàidhlig ann an UHI A Tuath, An Iar is Innse Gall air a lìbhrigeadh le Donnchadh Tormod MacLeòid, mun Mhetagama agus a' bhuaidh a thug seo air na h-Eileanan.
16. **Northton Heritage Trust – Clasaichean Coimhearsnachd Gàidhlig:**
    Taic-airgid de £650 airson clasaichean Gàidhlig dha ceann a Deas na Hearadh, far nach robh clasaichean foirmeil ann. Chaidh an cuir air dòigh ann an com-pàirteachas le UHI A Tuath, An Iar is Innse Gall, le oide a lìbhrig a' chursa do dheichnear.
17. **Àrd-sgoil MhicNeacail – Trèanadh Ball-coise Gàidhlig F.C. Sonas:**
    Taic-airgid de £750 airson seiseanan trèanaidh ball-coise sa Ghàidhlig airson sgoilearan S1-S3 Àrd-sgoil MhicNeacail aig F.C. Sonas ann an Inbhir Nis, mar phàirt de Sheachdain na Gàidhlig.
18. **Sgoil an Taobh Siar – Farpais FilmG:**
    Taic-airgid de £200 airson cosgaisean siubhail sgoilearan à Sgoil an Taobh Siar, a rinn film Gàidhlig a bha air a' gheàrr-liosta aig Duaisean FilmG ann an Glaschu. Gun an taic-airgid seo, cha bhiodh e air a bhith comasach dhaibh a bhith an làthair.